



Tiotal: Co-ionannachd Gnè

Pàirt 3: An Sgoil agus an àrainn-obrach

Ire: ARD

Ceanglan CfE

A thaobh a' Churraicealam airson Sàr mhathas tha an ire seo a' leudachadh agus a' cur ri na chaidh ionnsachadh aig a Cheathramh ìre.

Eòlasan agus builean	Slatan-tomhais
<p>Tha mi a' tuigsinn gum faod cumhachd a bhith an taobh a-staigh dhàimhean agus gum faod sin a bhith air a chleachdad ann an dòigh mhath cho math ri dòigh dhona. HWB 4-45a</p> <p>Tha mi a' beachdachadh air mar a bheir mo bheachdan, chreideasan, luachan is moraltachd buaidh air mo cho1dhùnaidhean mu chàirdeas, dhàimhean is dhol-a-mach ghnèitheasach. HWB 4-46a</p> <p>Tha fios agam mar a gheibh mi seirbheisean, fiosrachadh agus taic ma bhios mo shlàinte agus mo shunnd ghnèitheasach ann an cunnart. Tha mi mothachail air mo chòirichean a thaobh slàinte ghnèitheasach, a' gabhail a-steach mo chòir air diomhaireachd, agus air mo dhleastanasan, a' gabhail a-steach dhleastanasan fon lagh. HWB 4-48a</p>	<ul style="list-style-type: none">A' dèanamh sgaradh eadar cumhachd agus mì-fheum cumhachd ann an dàimhean, mar eisimpleir, spèis, earbsa, fòirneadh, aonta.A' mìneachadh mar a gheibhear fiosrachadh, stiùireadh agus cuideachadh gu h-ionadail agus gu nàiseanta.

Amasan ionnsachaidh

- Gum meòraich daoin' òga air co-ionannachd gnè ann an co-teacs dhàimhean – san fharsaingeachd sa chomann-shòisealta agus ann an dàimhean nas pearsanta.
- Gun tuig daoin' òga na tha an lagh ag ràdh mu cho-ionannachd gnè/leth-bhreith feiseil.
- Gun tuig daoin' òga gu bheil an lagh a' beatainn ris an sgoil agus ri foghlam.

Slatan-tomhais

- 'S urrainn dhomh bruidhinn mu na tha co-ionannachd a' ciallachadh dhòmhsa.
- 'S urrainn dhomh mìneachadh na tha an lagh ag ràdh mu cho-ionannachd gnè/leth-bhreith feiseil.
- Tha fios agam gum bu chòir àrainnean ionnsachaidh agus obrach a bhith nan àiteachan co-ionannachd agus sàbhailteachd dhòmhsa.
- Tha mi a' leasachadh sgilean agus misneachd gus fiosrachadh, taic agus cuideachadh a shireadh nuair a tha mi feumach air agus ma thàthar a' briseadh a-steach air mo chòraichean.

Goireasan-taic

- Slaighdean PowerPoint
- Prop: Co-ionannachd san sgoil
- Bileag-fiosrachaidh: Women at Work the Facts

Obair

1. Tòisich le bhith a' ruith thairis air an obair a rinn sibh thuige seo a' dèanamh sgrùdadhbh air co-ionannachd gnè – tha an clas/a' bhuidheann air coimhead air co-ionannachd ann an dàimhean eadar fireannaich agus boireannaich, agus cuideachd air na tha an lagh ag radh mu leth-bhreith fheiseil. Tha an seisean seo mu cho-ionannachd gnè ann an dà àite cudromach – an **sgoil** agus an **t-àit'-obrach**. Seall an slaighd mar chuimhneachan: **Dè th' ann an co-ionannachd gnè?**
2. Mìnich gu bheil a' chiad ghnìomh mun sgoil; inns dha na daoin' òga gur iadsan na h-eòlaichean a thaobh an eòlais san sgoil. Tha a' cheist ann an dà phàirt, seall an slaighd:

San sgoil, am bi daoine aig àm sam bith air an làimhseachadh ann an dòigh nach eil cothromach no a' fulang leth-bhreith air sgàth an gnè?

Dè dh'fheumas atharrachadh? Dè chuidicheadh gus sgoil a chruthachadh a tha co-ionann a thaobh gnè?

Èist ri ciad bheachdan sam bith mu na ceistean, no soilleirich mar a dh'fheumar, ach cùm seo goirid agus mìnich gum faod na daoin' òga a dhol a-steach dh ana cuspairean ann am barrachd doimhneachd sa ghnìomh. Seall na cuspairean air am bi iad a' smaoineachadh air an slaighd. Sna buidhnean faodaidh daoin' òga cuspair sa bheil ùidh aca a thaghadh, fios air ais fhaighinn, ma tha ùine ann faodaidh iad cuspair eile a thaghadh cuideachd.

- **Leabhraichean no goireasan sam bith eile a chaidh a chleachdadh**
 - **Gníomhan**
 - **Giùlain**
 - **Raon-cluiche**
 - **Riaghailtean**
 - **Teagaisg**
 - **Na bhios daoin' òga a' coileanadh**
 - **Cuspairean**
 - **Cothroman taobh a-muigh na sgoile**
 - **A' cur ar beachdan an cèill san sgoil**
3. Gluais air adhart gu bhith a' smaoineachadh air an àit-obrach – faighnich dhan bhuidheann: **Cò aige a tha obair an-dràsta no an do smaoinich thu riamh air an t-seòrsa obair a chòrdadh leat?**
 4. Can gum bu chòir co-ionannachd gnè cuideachd a bhith san àit'-obrach, ach nach deach seo a choileanadh fhathast – faighnich: *A bheil beachdan aig na daoin' òga air dòighean anns nach eil co-ionannachd gnè air a choileanadh fhathast?* An uair sin cleachd na slaighdean gus aire a tharraing chun nan cùisean neo-ionannachd gnè a leanas, brosnaich còmhradh/beachdan mar ath sibh a' dol romhpa:
 - **Pàigheadh co-ionann** – tha cuid de dh'obraichean ann fhathast far am faod fireannaich a' bhith a' faighinn barrachd pàighidh na boireannaich, no 's dòcha gu bheil iad a' dèanamh an aon seòrsa obair, ach gu bheil fireannaich a' faighinn barrachd pàighidh. 'S e trioblaid bho shean a tha seo agus bidh e fhathast a' tachairt ann an cuid de dh'aiticheadan.
 - **Neo-ionannachd tuarastal nan gnè** – nuair a choimheadas tu air na tha boireannaich is fireannaich a' faighinn gu cuibheasach thar companaidh no buidheann, bidh fir a' cosnadh barrachd. Chan eil seo a' ciallachadh a bhith a' dèanamh coimeas eadar dreuchdan sònraichte ach san fharsaingeachd.

Mar sin, tha seo a' ciallachadh gu bheil dreuchdan le tuarastal nas àirde no dreuchdan nas àirde aig fir san fharsaingeachd.

- **A' leasachadh cothromachadh gnè** – a thaobh cuid de dh'obraichean chan eil an aon àireamh de bhoireannaich is fireannaich gan dèanamh.
 - **Obrachadh sùbailte agus taic do phàrantan** – bidh boireannaich fhathast a' dèanamh a' mhòr-chuid den chùram-chloinne. Cho fad 's a tha seo fior, bidh feum aca air fastaiche a thairgeas sùbailteachd a thaobh na h-uairean a bhios iad ag obair no na h-amannan den latha a bhios iad ag obair.
5. **Boireannaich agus obair: Fiosrachadh.** Seall an diagram. Brosnaich còmhchradh: Dè tha a' seasamh a-mach? longnadh sam bith? Dè dh'faodadh a bhith na chomharra air leth-bhreith san àit-obrach?
6. **Deasbad clas.** Ruith thairis air na còmhraighean a bh' agaibh mu cho-ionannachd gnè anns na seiseanan mu dheireadh. Iarr air na daoin' òga obrachadh ann am buidhnean beaga. Inns dhaibh *gun leugh thu a-mach earrann, 's e beachd no moladh a th' ann. Iarr air gach sgioba cur romhpa a bheil iad ag AONTACHADH no ag EAS-AONTACHADH leis a' mholadh. An toiseach, tha aca ri bruidhinn air a' mholadh ann am buidhnean beaga, 's co-dhùnadh dè a bheachd a th' aca. Mura h-urrainn dhaibh aontachadh leis an fheadhainn eile sa bhuidheann aca, thoir dhaibh cothrom gluasad gu buidheann eile.*
- 'S e seo am moladh: Bidh fios againn gu bheil co-ionannachd gnè ann nuair a bhios boireannaich a' ruith leth de na companaidhean againn agus de na dùthchannan - agus fir a' ruith leth de na dachaighean.**
- Iarr air gach buidheann na prìomh phuingean aca san deasbad a sgrìobhadh. Obraich tro na beachdan aig gach buidheann. Iarr bhòtaichean, a' mìneachadh gum faod daoine an inntinn atharrachadh às deidh dhaibh èisteachd ris na h-argamaidean a chaidh a dhèanamh.
7. **Airson crìochnachadh, cleachd an slaighd airson sealltainn gum faod na còmhraighean seo daoine a chuideachadh gus aithneachadh gu bheil iad a' fulang leth-bhreith, no gu bheilear gan làimhseachadh ann an dòigh nach eil cothromach.** Ma tha, mìnich gum brosnaicheadh tu daoin' òga gus bruidhinn ri inbheach earbsach, dh'fhaoite gura tusa a bhiodh an seo, cuimhnich dhaibh gu bheil ChildLine cuideachd a' tabhann ceirbheis dhòmhair do dhaoine dhen aois acasan.

Tha goireasan ionnsachaidh eile rim faighinn ceangailte ris na stuthan curraicealaic RSHP seo

- Dàimhean
- Co-ionannachd agus an lagh

Nòtaichean Tidseir